

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A' Bhan-Lunnainneach Bhuidhe

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 961. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 657 corresponds to Litir 961.

Cia mheud fidheall ann an Alba air a bheil ainm sònraichte? Tha mi a' ciallachadh le sin ainm pearsanta. Chan eil fhios agam, ach tha mi eòlach air aon tè. Tha i ann an Taigh-tasgaidh Clann Donnchaidh ann am Bruthar ann an Siorrachd Pheairt. 'S e an t-ainm a th' oirre 'A' Bhan-Lunnainneach Bhuidhe'. Tha i co-cheangailte ris an eachdraidh a bha mi ag innse dhuibh mun deuchainn mhòr shaidheansail air Sìth Chailleann ann an seachd ceud deug, seachdad 's a ceithir (1774).

An dèidh seachd seachdainean deug air a' bheinn, bha an deuchainn – airson cuideam na cruinne a thomhas – deiseil. Air an oidhche mu dheireadh, chùm an luchd-saidheans pàrtaidh ann am bothan air a' bheinn. Bha cuid de mhuinntir an àite an làthair oir bha iad air a bhith an sàs anns a' phròiseact mar luchd-obrach. Nam measg, bha fear Donnchadh MacDhonnchaidh. Bha e na fhìdhlear air leth. Gu tric bhiodh e a' toirt na fidhle aige don bhothan a chluich rìdhlichean is sigichean.

Aig a' phàrtaidh, ge-tà, thachair rudeigin. Chaidh am bothan na smàl. Fhad 's as aithne dhomh, cha deach duine a ghoirteachadh, ach dh'fhalbh an fhidheall anns an teine. Agus dh'fhàg sin Donnchadh troimhe-chèile. Cha robh e beartach. Ciamar fon ghrèin a bha e a' dol a cheannach fidheall ùr?

Uill, gu fortanach, cha robh aige ri fidheall a cheannach. Nuair a thill e a Lunnainn, lorg ceannard na deuchainne saidheansail, Nevil Maskelyne – an Reultair Rìoghail – fidheall ùr. Chuir e gu Donnchadh i. Bha Donnchadh cho sona ris an rìgh agus sgriobh e port, a' comharrachadh na h-ionnsramaид ùir aige. Agus chuir e an t-ainm oirre 'A' Bhan-Lunnainneach Bhuidhe' no ann am Beurla '*The Yellow London Lady*'. Feumaidh gun robh i car buidhe ann an dath. Chunnaic mi dealbh dhith agus chan eil i a' coimhead cho buidhe an-diugh. Ach tha i dà cheud gu leth bliadhna a dh'aois – no barrachd.

Nuair a bha Donnchadh **suis ann am bliadhnaichean**, thug e a' Bhan-Lunnainneach Bhuidhe **do charaid dha** air an robh Cuimeanach mar chinneadh. Ach chuir e cùmhant air – gu feumadh an Cuimeanach an fhidheall fhàgail aig fear eile air an robh Donnchadh MacDhonnchaidh mar ainm. Bhon uair sin, tha i air a dhol bho Dhonnnchadh MacDhonnchaidh gu fear eile dhen aon ainm.

Chaidh fear de na daoine sin a dh'fhuireach ann an Astràilia. Dh'fhàg e a' Bhan-Lunnainneach Bhuidhe aig a mhàthair ann an Raineach. Thug ise air iasad i gu fear Alasdair a' Phiobaire a bha ainmeil mar fhìdhlear agus piobaire. Bha Alasdair a' gabhail pàirt ann an fharpais-chiùil ann an Liverpool.

Bhuannaich e an fsharpais ach dh'òl e cus an dèidh làimhe. Chosg e an t-airgead gu lèir aige agus cha robh càil na sporan airson faighinn dhachaigh. Thug e an fhidheall gu geall-cheannaiche no *pawnbroker* airson an t-airgead fhaighinn. Bha muinntir Raineach feargach nuair a chuala iad an naidheachd. Chuir iad airgead ri chèile agus chuir iad Alasdair air ais a Liverpool airson a' Bhan-Lunnainneach Bhuidhe fhaighinn. Chaidh e ann, ach a-rithist dh'òl e cus agus thuit e, a' briseadh amhaich na fidhle. Obh obh.

Chaidh obair càraidh a dhèanamh oirre agus an-diugh tha i ann an staid mhath. Thig i a-mach bho àm gu àm airson cuirm-chiùil. Saoil an tig an latha nuair a chluicheas cuideigin i air cliathaich Sìth Chailleann? Beannachd leibh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Sìth Chailleann: *Schiehallion*; an làthair: *present*; Donnchadh MacDhonnchaidh: *Duncan Robertson*; geall-cheannaiche: *pawnbroker*.

Abaиртеан na Litreach: Tha i ann an Taigh-tasgaidh Clann Donnchaidh ann am Bruthar ann an Siorrachd Pheirt: *it's in the Clan Donnachaidh museum in Bruar in Perthshire*; bha an deuchainn – airson cuideam na cruinne a thomhas – deiseil: *the experiment – to measure the mass of the Earth – was over*; chùm an luchd-saidheans partaidh ann am bothan air a' bheinn: *the scientists held a party in a bothy on the mountain*; bha e na fhìdhlear air leth: *he was a superb fiddler*; a chluich rìdhlichean is sigichean: *to play reels and jigs*; chaidh am bothan na smàl: *the bothy went up in flames*; sgrìobh e port, a' comharrachadh na h-ionnsramaid ùir aige: *he wrote a tune, commemorating his new instrument*; chunnaic mi dealbh dhith agus chan eil i a' coimhead cho buidhe an-diugh: *I saw a picture of it and it doesn't look so yellow today*; chuir e cùmhant air – gu feumadh an Cuimeanach an fhidheall fhàgail aig fear eile air an robh Donnchadh MacDhonnchaidh mar ainm: *he made a condition – that Cumming would have to leave the fiddle to another man called Duncan Robertson*; a' gabhail pàirt ann an fsharpais-chiùil: *taking part in a music competition*; dh'òl e cus an dèidh làimhe: *he drank too much after*; thuit e, a' briseadh amhaich na fidhle: *he fell, breaking the neck of the fiddle*; chaidh obair càraidh a dhèanamh oirre agus an-diugh tha i ann an staid mhath: *it was mended and today it is in good condition*; thig i a-mach bho àm gu àm airson cuirm-chiùil: *it comes out from time to time for a concert*; saoil an tig an latha nuair a chluicheas cuideigin i air cliathaich Sìth Chailleann?: *I wonder if the day will come when somebody plays it on the side of Schiehallion*.

Puing-chànan na Litreach: **do charaid dha** air an robh Cuimeanach mar chinneadh: *to a friend of his with the surname Cumming. You might have expected me to say caraid aige, but the preposition do/dha can stand in for aig in this type of expression.* 'S e caraid dhomh a th' ann 'he is a friend of mine'; Bha e na chomhairleach dhaibh 'he was an adviser to them'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Nuair a bha Donnchadh **suis ann am bliadhnaichean**: *when Duncan was in his later years*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA